

Achd Foghlam (Alba) 2016

Aithisg le Luchd-sgrùdaidh na Banrigh airson Sgoiltean gus beachd neo-eisimeileach a thoirt seachad a thaobh cruaidh bharail Comhairle Baile Ghlaschu Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a stèidheachadh bhon Lùnastal 2022, mura biodh e mì-reusanta sin a dhèanamh. Tha Comhairle Baile Ghlaschu air sgìre na comhairle air fad a chomharrachadh mar an sgìre-mheasaidh anns am bithear a' measadh a bheil Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a dhìth.

An Cèitean 2022

1. Ro-ràdh

1.1 Chaidh an aithisg seo bho Fhoghlam Alba ullachadh le Luchd-sgrùdaidh na Banrigh airson Sgoiltean (Luchd-sgrùdaidh na Banrigh) ann an co-rèir ri [Achd Foghlam \(Alba\) 2016](#) (an Achd 2016). 'S e adhbhar na h-aithisg seo beachd neo-eisimeileach agus neo-phàirteach a lìbhrigeadh air a' bhreith gus Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a stèidheachadh ann an Comhairle Baile Ghlaschu bhon Lùnastal 2022. Tha seo stèidhte air iarrtas, a fhuair leas an ùghdarras fhoghlaim bho phàrantan aig a bheil clann, fo earrann 7 den Achd 2016. Tha an t-iarrtas, mar a tha deatamach, bho phàrantan aig a bheil clann fo aois sgoile nach do thòisich air bun-sgoil a fhrithealadh fhathast. Tha an t-ùghdarras fhoghlaim air sgìre na comhairle air fad a chomharrachadh mar an sgìre-mheasaidh air am bithear a' measadh a bheil Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a dhìth.

1.2 Tha earrann 2 den aithisg seo a' cur an cèill geàrr-mhìneachadh air a' phròiseas measaidh agus beachdan Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air a' bhreith airson an ùghdarras fhoghlaim Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a stèidheachadh.

Bheachdaich Luchd-sgrùdaidh na Banrigh:

- air an fhiosrachadh a fhuair leas bhon chomhairle air iarrtas nam pàrantan;
- air fiosrachadh eile a fhuair leas bhon ùghdarras fhoghlaim air an tug iad fa-near, mar a dh'fheumadh, rè a' chiad measaidh aca air an iarrtas airson Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig;
- air an eòlas spèisealta a tha aig Luchd-sgrùdaidh na Banrigh aig ìre nàiseanta gus beachdachadh air an fheum a dh'fhaodadh a bhith ann airson Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig agus air mar a ghabhadh a stèidheachadh san sgìre-mheasaidh ainmichte. Tha an t-eòlas spèisealta seo a' tarraing air an t-suidheachadh a th' ann an Alba san fharsaingeachd a thaobh pàrantan, Gàidhlig agus foghlam; agus
- bun-chùisean àithnteil air am feum an t-ùghdarras fhoghlaim beachdachadh nuair a tha iad a' dèanamh breith a thaobh mar a dh'fhaodadh Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a bhith a dhìth. Tha seo ann an co-rèir ri earrann 1.52 den Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig 2017.

1.3 Tha earrann 3 den aithisg seo a' toirt geàrr-chunntas air àrd-shealladh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh a thaobh a bheil stèidheachadh Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a dhìth. An dèidh dhaibh an aithisg seo fhaighinn, tha an Achd 2016 a' cur dleastanas air an ùghdarras fhoghlaim gum feum iad aire a thoirt dhi nuair a tha iad a' deasachadh na h-aithisg aca air a' bhreith a thaobh Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a stèidheachadh. Feumaidh aithisg an ùghdarras fhoghlaim a bhith a' gabhail a-steach mìneachadh air mar a ghèill iad ris an dleastanas a tha orra gus Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a stèidheachadh, mura biodh e mì-reusanta sin a dhèanamh.

1.4 Feumaidh an t-ùghdarras fhoghlaim an aithisg dheireannach aca fhoillseachadh taobh a-staigh deich seachdainean an dèidh dhaibh co-dhùnadh measadh iomlan a dhèanamh. Foillsichidh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh an aithisg againn air an làrach-lìn againn aig an aon àm 's a tha an t-ùghdarras fhoghlaim a' foillseachadh na h-aithisg aca.

1.5 Ann a bhith ag ullachadh na h-aithisg seo, ghabh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh na gnìomhan seo os làimh:

- toirt ri chèile a h-uile sgrìobhainn iomchaidh a chaidh a sholarachadh leis an ùghdarras fhoghlaim a thaobh a' mholaidh;
- còmhradh leis an ùghdarras ionadail agus luchd-co-chomhairleachaidh buntainneach; agus
- lèirmheas a dhèanamh air Plana Gàidhlig na comhairle agus pròiseasan planaidh eile.

2. Pròiseas measaidh agus breith Luchd-sgrùdaidh na Banrigh a thaobh stèidheachadh Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig

2.1 Chuir Comhairle Baile Ghlaschu brath gu Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air 8 Giblean 2022 gun d' fhuair iad iarrtas bho phàrantan a bha ag iarraidh measadh gus faicinn a bheil Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a dhìth. Tha an tagradh seo airson Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a bhith air a stèidheachadh aig P1 taobh a-staigh sgìre an ùghdarras fhoghlaim bhon Lùnastal 2022. Dh'innis an t-ùghdarras foghlaim do Luchd-sgrùdaidh na Banrigh gun robh iad air ciad mheasadh a dhèanamh air an tagradh seo air 25 Gearran 2022. Thug seo fianais gu bheil iarrtas ann airson Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig. Tha Luchd-sgrùdaidh na Banrigh ag aontachadh gu bheil iarrtas gu leòr ann airson Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a stèidheachadh bhon Lùnastal 2022. Tha Luchd-sgrùdaidh na Banrigh gu làidir dhen beachd gum bu chòir dhan ùghdarras foghlaim a dhol air adhart le bhith a' coileanadh an fheuma seo airson a bhith a' stèidheachadh Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig ann an 2022.

2.2 Tha am fiosrachadh bhon ùghdarras fhoghlaim a' sealltainn gu bheil ùidh aig pàrantan ann a bhith a' clàradh an cuid chloinne ann am Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig. Tha Foghlam tron Ghàidhlig sa Chomhairle gu fìor shoirbheachail ann a bhith a' tarraing ùidh phàrantan. Ach chan eil na solaran a tha ann an-dràsta a' coileanadh iarrtas phàrantan, nì a tha ag adhbhrachadh cus iarrtais airson na tha ann de dh'àiteachan. Tha a' chomhairle a' tabhann solar 3-18 agus a' leudachadh a sholair. Meudachaidh na planaichean leantainneach seo an comas clàraidh san àm ri teachd airson bun-sgoil agus àrd-sgoil. Chan eil astar an leudachaidh fhathast a' cumail suas ri iarrtas phàrantan airson Foghlam tron Ghàidhlig. Bu chòir dhan chomhairle dèanamh cinnteach gu bheil na targaidean leantainneach airson clàraidhean P1 ris am bi iad a' planadh mòr gu leòr, a' coileanadh an iarrtais agus a' comasachadh fàs leantainneach ann am Foghlam tron Ghàidhlig. Tha a' chomhairle air modail a chleachdadh far am bithear a' stèidheachadh thogalaichean sealach aig sgoiltean a tha ann a-cheana gus am bi e comasach ullachaidhean nas maireannaich a dhèanamh. Bu chòir dhan chomhairle cumail a' dol le bhith a' sgrùdadh mhodhan-obrach den t-seòrsa seo fhad 's a tha obair togail nas maireannaich a' dol air adhart. Bha a' chomhairle a' beachdachadh, còmhla ri Luchd-sgrùdaidh na Banrigh, air mar a dh'fhaodadh ullachaidhean le ùghdarrasan a tha am fagas cuideachadh gus an t-iarrtas a choileanadh a tha ann aig an àm seo airson Foghlam tron Ghàidhlig. Ann an co-obrachadh le pàrantan, bu chòir dhan chomhairle cumail a' dol le bhith a' dèanamh planadh ro-innleachdail agus seasmhach airson ùine nas fhaide los gum faighear iarrtasan airson Foghlam tron Ghàidhlig. Bu chòir dha seo a bhith an co-rèir ri riatanasan reachdail na h-Achd 2016. Ann a bhith a' dèanamh seo, bu chòir dhaibh dèanamh cinnteach gu bheil guthan phàrantan air an cluinntinn, agus gu bheil a' dèiligeadh ri bacaidhean ceartais agus co-ionannachd a dh'fhaodadh a bhith ann a thaobh Foghlam tron Ghàidhlig. Tha iad sin a' gabhail a-steach ullachaidhean airson còmhaidhail an-asgaidh agus a bhith a' toirt taic do phàrantan a thaobh obair, studaigeadh, no trèanadh. Bu chòir dhan chomhairle dèanamh cinnteach gun lean iad orra a' faighinn cothrom air maoinachadh sònraichte Riaghaltas na h-Alba airson na Gàidhlig agus taic bho Bhòrd na Gàidhlig.

2.3 Tha Plana Gàidhlig reachdail aig an ùghdarras fhoghlaim airson 2018-22. Tha am plana seo ag aithneachadh fàs bliadhna an dèidh bliadhna ann am Foghlam tron Ghàidhlig san ùghdarras ionadail. Tha am plana ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig "in-ghabhalach, fosgailte do na h-uile, airson a cleachdadh agus a' faighinn tlachd aiste". A thuilleadh air sin, tha am plana a' mìneachadh ro-innleachd airson fàs nach fhaod "ar n-àrd-amasan don chànan agus do FMG a lagachadh." Bu chòir dhan chomhairle cumail a' dol a' co-chomhairleachadh ri pàrantan air mar a choileantar an iarrtasan airson adhartachadh a thoirt dhaibhsan a thòisich air Gàidhlig ionnsachadh tro bhogadh san sgoil-àraich. Tha pàrantan a' sònrachadh cho cudromach 's a tha a' Ghàidhlig dhaibh mar phàirt de dhearbha-aithne agus cultar chloinne. Tha a' chomhairle aig an àm

seo ag ullachadh an ath Phlana Gàidhlig aice. Bu chòir dhan phlana seo a bhith soilleir mun dòigh san coileanar iarrtas reusanta sam bith san àm ri teachd airson Foghlam tron Ghàidhlig.

2.4 Tha an t-ùghdarras foghlaim air sgìre na comhairle air fad a chomharrachadh mar an sgìre-mheasaidh, air am bithear a' measadh gus faicinn a bheil Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a dhìth. Tha Luchd-sgrùdaidh na Banrigh den bheachd gum bu chòir co-chomhairleachadh a dhèanamh le pàrantan a thaobh an àite as fheàrr a gheibheadh far an gabh an t-seirbheis Foghlam tron Ghàidhlig a thathar a' moladh a shuidheachadh. Ann an 2017, dh'fhoillsich Bòrd na Gàidhlig Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig, a dh'iarr air ùghdarrasan foghlaim sgìrean-sgoile, stiùireadh air iarrtasan airson àiteachan-sgoile agus stiùireadh air clàradh is inntrigeadh a stèidheachadh airson Foghlam tron Ghàidhlig. Bu chòir don ùghdarras fhoghlaim na dleastanasan seo a thoirt air adhart gus cothrom air Foghlam tron Ghàidhlig a dhèanamh comasach ann an dòigh cho-ionann is chothromach. Bidh e cudromach gu bheil an t-ùghdarras foghlaim a' coileanadh Measadh Buaidh air Co-Ionannachd is Còraichean Daonna.

3. Geàrr-chunntas

3.1 Tha Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air measadh a dhèanamh, agus beachdan a thoirt seachad, air breith Comhairle Baile Ghlaschu a thaobh an fheum a dh'fhaodadh a bhith ann airson Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig taobh a-staigh an ùghdarras fhoghlaim bhon Lùnastal 2022. Tha sinn air tarraing air an eòlas spèisealta a th' againn aig ìre nàiseanta gus beachdachadh air mar a dh'fhaodadh Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a bhith a dhìth agus air mar a ghabhadh a stèidheachadh. Tha seo air toirt fa-near an t-suidheachaidh a th' ann an Alba san fharsaingeachd a thaobh pàrantan, Gàidhlig agus foghlam. Tha Luchd-sgrùdaidh na Banrigh den bheachd gum feum Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a bhith air a stèidheachadh ann an Comhairle Baile Ghlaschu bho Lùnastal 2022. Tha seo gus am bi e a' coileanadh an iarrtais a chaidh a chomharrachadh san tùs-mheasadh. Tha sinn air geàrr-chunntas a dhèanamh air ar beachdan air grunn bhun-chùisean àithnteil airson an ùghdarras fhoghlaim beachdachadh orra gus Foghlam tron Ghàidhlig a chur an gnìomh gu soirbheachail.

Luchd-sgrùdaidh na Banrigh An Cèitean 2022